

3 Màrt 2020

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San Dàmhair 2018, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh litir mu Sgoil Ghilcomstoun agus an Clas-àraich. Chuir an litir an cèill grunnan raointean airson an leasachadh, a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus Comhairle Baile Obar Dheathain. O chionn ghoirid, mar as dòcha a tha fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan a tha an sgoil air a ghabhail airson a thighinn air adhart. Sheall sinn ri raointean sònraichte a chaidh a shònrachadh san sgrùdadh a chaidh a dhèanamh ron seo. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh, agus an ìre gu bheil seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanaidhean na cloinne. Tha an litir seo a' cur an cèill nan nithean a fhuair sinn a-mach. Rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim sgrùdadh air a' chlas-àraich aig an aon àm agus bidh an aithisg sin ri factainn aig www.careinspectorate.com.

Bu chòir dhan sgioba ceannardais cùrsa soilleir ro-innleachdail a leasachadh gus ceannardas atharrachaidh aig deagh astar a stiùireadh aig a h-uile ìre. Tha seo a' gabhail a-steach cleachdadh làidir air fèin-luachadh, a leanas air adhart gu tuigse co-roinnte mu neartan, feuman leasachaidh agus fianais air builean leasaichte.

Tha àrd-luchd-stiùiridh a' toirt an raoin-ùghdarras air adhart nas fheàrr mar thoradh air leasachadh a thaobh luchd-obrach ann am foghlam Beurla agus Foghlam Meadhan àidhlig. Tha leas-cheannard sgoile a bharrachd air fhadhadh. Tha àrd-stiùirichean air obrachadh le coimhearsnachd na sgoile gus lèirsinn, luachan agus amasan Sgoil Ghilcolmstoun aontachadh. Tha an luchd-obrach agus clann air tòiseachadh a' bruidhinn mu dè a tha sin a' ciallachadh dhaibhsan ann a bhith ag adhbharachadh atharrachadh. Tha àrd-luchd-stiùiridh air gnìomhan a chur air chois gus a bhith a' bruidhinn ris an luchd-obrach mu adhartas na cloinne, agus cho math 's a tha iad a' leasachadh ionnsachadh agus teagasg. Feumaidh fios air ais bho àrd-luchd-stiùiridh gu na tidsearan a bhith nas cuimsichte air na dearbh gnìomhan a thogas suas coileanadh. A thaobh nan tidsearan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, chan eil fios air ais bhon àrd-luchd-stiùiridh a' toirt iomradh air eileamaidean speisealaichte na Gàidhlig. Tarsainn na sgoile, tha an luchd-obrach air a dhol an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta buannachdail fad-dhreuchd gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' stiùireadh atharrachadh. Tha an ùine airson a bhith ag obair còmhla air a chleachdadh nas fheàrr ann a bhith a' toirt taic do chàch a-chèile ann an coileanadh builean leasaichte. Tha tidsearan a' stiùireadh leasachaidhean co-cheangailte ri litearrachd, àireamhachd, agus slàinte agus sunnd a tha a' leantainn air adhart gu leasachaidhean. Tha tidsearan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig air co-obrachadh le sgoiltean-àraich ann an dùthchannan eile gus cothroman ionnsachadh teaghlaich a leasachadh gu mòr-èifeachdach a' cleachdadh teicneòlas didseatach. Tha clann a' faighinn buannachd bho chothroman ùra a thaobh frithealadh air comataidhean, agus a' gabhail orra fhèin dreuchdan mar thosgair, ceannardan ionnsachaidh agus co-leughadairean. Tha seo a' toirt cothrom do chlann fèin-fhiosrachadh fhaighinn tràth nam beatha air a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean. Tha conaltradh ri pàrantan air a thighinn air adhart. Bu chòir do neartan agus ùidhean phàrantan tuilleadh meudachaidh fhaighinn ann am planadh ro-innleachdail na sgoile airson Foghlam Beurla agus Meadhan Gàidhlig.

Mar àrd phrìomhachas, leasaich an curraicealam gu bhith a' coileanadh dhùilean nàiseanta. Bu chòir dhan seo leigeil le clann togail air an eòlas, sgilean agus tuigse an uair a bhios iad a' gluasad air adhart tron sgoil. Bu chòir dhan chlann a bhith air am misneachadh agus a bhith a' faighinn taic gus leantainn orra le Foghlam Meadhan Gàidhlig an uair a bhios iad a' gluasad bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile.

Tha curraicealam na sgoile ann an àireamhachd, litearrachd agus slàinte agus sunnd a' sìor leasachadh. Tha na tidsearan ag obair gu math le luchd-obrach aig Sgoil Ghràmair Obar Dheathain gus ionnsachadh nas dùbhланаich a phlanadh dhan chloinn a tha comasach air obair nas dùbhланаich a dhèanamh. Tha a' mhòr chuid den chloinn ag innse gu bheil an ionnsachadh a' còrdadh riutha mar thoradh air modhan-teagaisg ùra. Tha na h-àrd-stiùirichean air conaltradhean a stiùireadh gu math le luchd-obrach, pàrantan is clann mu shusbaint a' churraicealam. Is e ath cheum riatanach leantainn air adhart a' togail suas eòlas, sgilean agus tuigse na cloinne sa h-uile raon den churraicealam. Feumaidh ionnsachadh na cloinne tro phròiseactan a bhith nas dùbhланаich agus a bhith nas cuimsichte air a bhith a' leasachadh sgilean. Tha e ri mholadh, anns an t-seisean seo, gu bheil barrachd chloinne air leantainn orra le Foghlam Meadhan Gàidhlig an uair a ghluais iad bhon sgoil-àraich gu P1. Tha piseach cuideachd air a thighinn air an àireamh a tha a' dol air adhart bho P7 Foghlam Meadhan Gàidhlig gu ÀS1 aig Acadamaidh Hazlehead. Ann am P7, tha a' chlann a' bruidhinn gu deimhinneach mu an conaltradh le luchd-obrach aig Acadamaidh Hazlehead airson pròiseact ionnsachaidh tron Ghàidhlig. Bhruidhinn a' chlann mu bhacaidhean co-ionannachd dhaibh a thaobh a bhith a' leantainn air adhart le Foghlam Meadhan Gàidhlig an dèidh P7. Feumaidh an t-ùghdarras foghlaim taic a thoirt do phàrantan agus clann ann a bhith a' dèiligeadh ris na nithean sin gus am bi a' chlann air fad a' leantainn orra le Foghlam Meadhan Gàidhlig bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile.

Tog air a' mhòd-obrach as èifeachdaich gus dèanamh cinnteach à ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd-chàileachd thar na sgoile.

Tha a' mhòr chuid de thidsearan ann am foghlam Beurla agus Foghlam Meadhan Gàidhlig, air deagh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh ionnsachadh agus teagasg. Airson na mòr-chuid den tìde, tha clann a' fèin-fhiosrachadh deagh ionnsachadh agus teagasg, agus uair no dhà tha iad air a bhith air leth math. Thar na sgoile, tha modh-obrach cunbhalach aig tidsearan a thaobh a bhith a' co-roinn leis a' chloinn nan nithean a bhios iad ag ionnsachadh. Airson na mòr-chuid, tha clann a' fàs nas mothachail mun dòigh anns an ionnsaich iad gu soirbheachail. A' dol air adhart, feumaidh na tidsearan air fad fios air ais de dh'àrd-chàileachd a thoirt don chloinn gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' dèanamh an adhartais as fheàrr as urrainn. Bidh an luchd-obrach a' planadh gu math gus coinneachadh ri feumalachdan buidhnean eadar-dhealaichte de luchd-ionnsachaidh sa mhòr-chuid de chlasaichean. Tha e ri mholadh gu bheil clann, aig an tràth-ìre agus aig toiseach na ciad ìre, a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Beurla a' nochdadh àrd-ìre de neo-eisimileachd nan ionnsachadh. Ann Foghlam Meadhan na Gàidhlig, tha tuigse mhath aig an sgioba luchd-obrach ùr air modhan-obrach a thaobh bogadh. Thar nan ìrean air fad, bu chòir dhaibh an tuigse seo a chur ri bhith a' coinneachadh dhùilean nàiseanta airson làn bhogadh mar phrìomh dhòigh air a bhith ag àrdachadh coileanadh chloinne. Thar na sgoile, feumaidh tidsearan cleachdadh èifeachdach agus cunbhalach de mheasadh a chur an sàs gus ionnsachadh agus teagasg a phlanadh. Tha iad air a dhol an sàs gu math ann a bhith a'

co-roinn inbhean agus dùilean airson ìrean litearrachd a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais a choileanadh. Tha feum air cuimse mar seo a thaobh àireamhachd.

Thoir aire gu sgiobalta do bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan ionnsachaidh chloinne air an comharrachadh tro mheasadh earbsach, agus gu bheil a' coinneachadh riutha le taic iomchaidh is ann an deagh àm. Mar a bhios feum air, bu chòir dhan seo gabhail a-steach in-chur speisealaichte.

On chaidh an sgrùdadh tùsail a dhèanamh, tha na h-àrd-stiùirichean air modhan-obrach a neartachadh gu bhith a' coinneachadh ris na feumalachdan eadar-dhealaichte a tha aig clann thar na sgoil-àraich agus na sgoile. Tha a-nis àrd-shealladh farsaing aca de fheumalachdan chloinne. Tha àrd-stiùirichean, agus luchd-obrach teagaisg agus taic a-nis a' cur ghoireasan iomchaidh nas èifeachdaich an sàs gus coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh chloinne. Cha mhòr nach eil gach neach fa leth agus buidhnean de luchd-ionnsachaidh a' faighinn deagh thaic. Tha seo a' gabhail a-steach clann aig a bheil a' Bheurla mar chànan a bharrachd, agus feadhainn a tha a' cur feum air a bhith ann an àrainn sam bi iad air an altram. Tha taic speisealaichte airson na Gàidhlig air a bhith air a leudachadh. Feumaidh àrd-stiùirichean am poileasaidh a leasachadh gus a bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan taic a bharrachd ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhan seo leigeil le clann cothrom nas luaithe fhaighinn air taic iomchaidh. Thar na sgoile, tha beagan chloinne agus phàrantan ag ràdh nach eil iad dhen bheachd gu bheil an sgoil a' dèiligeadh gu math ri tachartasan burraidheachd. Bu chòir dhan luchd-obrach poileasaidh càirdeasan deimhinneach na sgoile a chrìochnachadh mar aon dòigh air dèiligeadh ri seo.

Àrdachadh coileanadh ann an litearrachd agus àireamhachd, cho math ri raointean eile de ionnsachadh, gus cothrom a thoirt do chlann an t-adhartas as fheàrr as urrainn a dhèanamh.

On a chaidh an sgrùdadh a choileanadh, tha an sgoil air adhartas riarachail a dhèanamh ann a bhith ag àrdachadh coileanadh ann an litearrachd agus àireamhachd tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha àrd-stiùirichean a' toirt cunntas air pàtran de leasachadh a tha a' nochdadh ann an litearrachd agus Beurla, agus àireamhachd agus matamataig aig P1. Ann an 2019, choilean a' mhòr-chuid de chlann litearrachd agus Beurla, agus àireamhachd agus matamataig aig na h-ìrean iomchaidh den Churraicealam airson Sàr-mhathais ro dheireadh P4 agus P7. Bu chòir don luchd-obrach cumail orra a' cuimseachadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' dèanamh an adhartais as fheàrr a ghabhas.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air adhartas a dhèanamh on a chaidh an sgrùdadh tùsail a dhèanamh. Iarraidh sinn aithisg adhartais taobh a-staigh bliadhna on a chaidh an sgrùdadh a dhèanamh. Cuiridh an aithisg seo ri co-dhùnadh sam bith a thèid a dhèanamh le Foghlam Alba mu thuilleadh com-pàirteachaidh. Is dòcha gum bi seo a' gabhail a-steach sgrùdadh eile. An uair a thèid a leithid de cho-dhùnadh a dhèanamh, sgrìobhaidh sinn thugaibh a-rithist a' mìneachadh nan leasachaidhean a tha an sgoil air a dhèanamh agus a' toirt mion-chunntas air tuilleadh obair-gnìomha a tha sinn an dùil a choileanadh, aontaichte le Comhairle Baile Obar Dheathain.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh